

# “Na h-Uibhean Preiseil”

LE

FEACHD THOBARMHOIRE

DE

CHOMUNN NA H-OIGRIDH

—  
An Dara Duas, 1937



AN COMUNN GAIDHEALACH

131 Sraid Iar Regent

Glaschu

**A' Phris — Da sgillinn**

LIBRARY OF SCOTLAND  
B  
4  
1972

National Library of Scotland



\*B000595880\*

## “ NA H-UIBHEAN PRISEIL ”

(*Air a chur ri chéile le Feachd Thobarmhoire.*)

BEAN AN TIGHE—A Sheònaid!! Nach ann agam a tha'n t-scarbhadh leis an luid shearbhanta sin—chan 'eil de sgoinn innte's a chuireas uiread's bad aodaich oirre le snas. Cha bhi Peigi agam-sa mar sin 's tha mi'n dòchas nach ann a' sgrìobadh nam poit a bhios i—A Sheònaid!

SEONAIÐ—Seadh.

B. AN T.—'Bheil thu réidh fhathast? An do bhiadh thu na cearcan? Nach 'eil thu a'faicinn na tha a'feitheamh riut de shoithichean—

S.—Tha mi cha mhór réidh—dìreach na h-iseanan. Gu dearbh tha mis' air mo shàrachadh leis na cearcan sin.

B. AN T.—Bi sgiobalta.

PEIGI—(*a' tighinn a steach*).

B. AN T.—O, a Pheigeag, a chiall, an do thill thu?

P.—Thill.

B. AN T.—Am bheil na gnothuichean agad?

P.—Gu dearbh chan 'eil—carson a bhithinn-sa giùlan gnothuichean agus gu leoir de bhalaich air am paigheadh airson an liubhairt aig an dorus?

B. AN T.—Is mise ag earbsa riut feoil a thoirt dhachaidh airson na “tea.” Cha bhi aca a nis ach uibhean a ghabhail.

P.—'S mis' tha coma.

S.—Cha bhi mi deas gu sìorruidh leis na soithichean so, agus triuir fhear a' tighinn an ceann leth-uair an uaireadair airson an “tea.” A bhean an tighe, nach iarr sibh air Peigi dol airson nan uibhean.

B. AN T.—A Pheigi, a cheist, rach airson nan uibhean. Gheibh thu leth-dusan am bocsa an tigh nan cearc.

P.—Tha mi ro thrang a mhathar. (*'g a tlàmadh 's 'ga cìreadh fhéin.*)

B. AN T.—Sguir de'n òinnsealachd sin air a'mhionaid, neo cuiridh mi 'san teine a h-uile prìne's cìr a th'agad.

P.—'S dona a thachair e nach bithinn coltach ris an té so.

S.—Na'n robh uiread de dh'obair agad-'s' ri chur roimh na lamhan agad's a th'agamsa cha bhitheadh do dhosan cho grinn.

P.—Thu fhéin's t'obair!

B. AN T.—Sguir de'n t-seanachas sin. A Pheigi, thoir a stigh na h-uibhean. (*Peigi a'dol a mach*)—Chan 'eil fhios'm dé ni mi le Peigi, tha i air fàs cho mór aiste fhein—'s gann gun toir i feairt orm.

S.—Fhuair i a dòigh fhéin tuilleadh's fada a nis.

B. AN T.—Theagamh gun toir a sròn comhairle oirre 'nuair a theid i do'n bhaile mhór—anns a bheil a cridhe. (*Bhris Seònaid cupa.*) Rach air aghaidh le'd obair a liùsb.

P. (*tighinn a steach*)—Sin agaibh 'ur cuid uibhean.

B. AN T.—Thoir thusa an aire nach bris thu na h-uibhean.

P.—Leig leam tacan ann am fois, ach théid mi'n urras nach fhaigh mi sin fhein oir tha Bean Eoghain a'tighinn roimh'n dail.

B. AN T.—Bheil, am bheil?

BEAN EOGHAIN—Bheil thu a stigh, a Bhean Iain?

B. AN T.—Steach, a steach—tha mi toilichte t'fhaicinn. Nach dean thu suidhe.

B. E.—Dà, suidhidh mi mionaid no dhà, ach chan 'eil math dhomh fuireach fada. Cha tàinig mi ach a dh'innseadh dhuit cho laghach's a bha mo bhràthair Seumas rium—sin am fear a tha air Bòrd an Tuathanais—nach do chuir e leth-dusan ubh de sheòrsa ùr air nach cualas iomradh riamh roimhe—agus so iad.

B. AN T.—Tha daonnan rud-eigin agad air thoiseach air daoine eile—mur e ad 'san ùr fhasan 's e riomhaiche eile.

B. E.—Cha ruig thu leas a bhi fàs mosach agus eudmhor.

B. AN T.—Gu dearbh chan' eil mi fàs aona chuid mosach no eudmhor agus na's mò na sin chan 'eil aobhar air, oir tha dusan isean agam cho grinn's air an do laigh sùil riamh—agus ma's math do chuimhne bhris a'chearc agad-sa a h-uile ubh a bha foipe.

B. E.—'S beag a tha sin a'cur orm-sa a nis. Tha cearc ghur agam agus ann an trì seachdainnean bithidh iseanan agam, 's chan urrainn do dhuine sam bith an leithid fhaotainn, oir chan 'eil iad 'gan reic fhathast agus 'nuair a bhitheas, paighidh tu naoi tasdain an dusan orra.

B. AN T.—Dé na buaidhean a th'aca?

B. E.—O, tha na cearcan ùra so sònruichte, cha sguir iad a bhreith fad na bliadhna, agus ma bhitheas na h-uibhean daor theagamh gum beir iad dà ubh corra là.

B. AN T.—Chi mi iad 'nuair a bhios iad ann. Gus an so cha robh cearcan aig té 'san dùthaich cho math's a bh'agam-sa ged is e mi fhéin a tha 'ga ràdh.

B. E.—O hi—'s tu fhéin a mhàin a tha 'ga ràdh, agus bu mhath leam an fheadhainn agad-sa fhaicinn feuch am bheil iad cho grinn 's a tha an t-ìomradh. Cha b'è sin an naidheachd a bh'aig Sìne an Tàilleir ach gun robh feadhainn dhiubh 'nan seorgan nach tigeadh gu feum sam bith gu sìorruidh.

B. AN T.—O, an tràill sin 's a breugan—air a mhionaid chi thu le do dhà shùil fhéin gum bheil iad uile de'n aon mheudachd agus de 'n aon seorsa cuideachd—'s chan ann coltach ris an fheadhainn aice-se — 's gun fhios agad an e Leghorns no Minorcas a th-annta. Falbh, a Pheigi 's leig fhaicinn na h-iseanan do Bhean Eoghain.

P.—Tha mi coma dhe'n obair sin.

B. AN T.—Dean an rud a théid iarraidh ort.

B. E.—Tha aon rud cinnteach — nach bruidhneadh mo nighean-sa air ais rium-sa mar sin.

B. AN T.—Feith ri dheireadh, 's geal leis an fhitheach an t-isean aice fhéin.

S.—Feumaidh mi dol do'n ghàradh airson bréid shoithichean eile.

B. AN T.—Greas ort ma-tà. (*Theid S. is B. E. a mach.*)—Chan fhios dé an seorsa uibhean a th' annta gu dearbh fhéin—chan fhaic mi gnothaichean cho breagh annta seach an fheadhainn agam fhéin. B'fhearr nach d'fhuair i riamh iad

ged tha—O—tha fhios m' dé ni mi. Cuiridh mi an fheadhainn agam fhéin 'nan áite. Bithidh mi suas riut agus dh'andoin do chridhe cha bhí thu air thoiseach orm-sa. A h-aon . . . . a sia, díreach gasda. O, so iad — Dé do bharaíl air na h-iseanan?

B. E. — Tha iad glé bhóidheach, ach feith gus an tig an fheadhainn agam-sa a mach.

B. AN T.—Soirbheachadh math dhuit—tha mi'n dòchas nach téid am briseadh an uair so.

B. E.—Taing dhuit.

B. AN T.—Bheil thu a'falbh? Nach ann ort fhéin a tha 'chabhag?

B. E.—O, tha, 's cuiridh mi fo'n chirc iad an nochd.

B. AN T.—Theid mi crioman de'n ráthad leat. (*Theid iad a mach*).

P.—Chan urrainn domh mo mháthair a thuigsinn a' bruidhinn ri a leithid.

S.—Tha cáirdean do mhathar math gu leoir dhuit-sa. Ach's math na h-uibhean a thug thu a stigh. Chan uilear a h-uile h-aon a chur airson biadh nam fear. (*Brisidh i na h-uibhean príseil.*)

P.—Cearcan is uibhean, uibhean is cearcan o mhoch gu dubh. B'fhearr gun d'fhuair mise air falbh do'n bhaile mhór.

B. AN T. (*tighinn a steach*)—Mo chreach's mo léireadh, na h-uibhean príseil!!

S.—Ciamar? Chan 'eil iad ach sgillinn a h-aon.

B. AN T.—Ochon, Ochon!

S.—A Pheigi, ruith 'nad shradan is faigh deoch uisge.

B. AN T.—Dé ni mi?

S.—Dé air thalamh tha cearr? Feuch deoch uisge.

B. AN T.—O, rach air aghaidh le d'obair a chreuaí gun dleasdanas.

P.—Suidhibh, a mháthair.

B. AN T. — Is tusa, a Pheigi, b'fhearr dhuit do shúilean a chumail fosgailte an áite bhí 'gad thlámadh's 'gad chireadh fhéin. Mach airson a'bhainne.—'S mise a chuir mo cheann

ann an dragh—ach cha bhi fios aig duine beò gu siorruidh, agus is mise tha taingeil nach bi iad aice-se co-dhiù mur bi iad agam-sa. Ach's mór an ceannach agam-sa air an té.

S.—De tha sibh ag ciallachadh?

B. AN T.—Bi thusa coma. Ma tha thu deas, falbhaidh sinn's dtuinidh sinn na cearcan a stigh.

S. — Tha mi dìreach réidh — 's fàgaidh mi na h-uibhean's cuiridh mi am bainne orra 'nuair a thilleas mi.

B. AN T.—Uibhean na dunach. Gun an tig an là a chluinneas mi farum orra tuilleadh.

AM BRAT.

... ..  
... ..  
... ..

... ..

... ..  
... ..

... ..  
... ..

... ..  
... ..

... ..